

**COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD**  
**COMATAIDH FOGHLAM, CULTAR AGUS SPÒRS**

**MOLADH GUS SGOIL GHÀIDHLIG FA-LETH A CHRUTHACHADH  
DO SGÌRE A' GHEARASDAIN**

**'S E PÀIPEAR CONALTRAIDH A THA SEO A THA AIR A DHEALBH  
A RÈIR DÒIGHEAN OBRACH ROINN AN FHOGHLAIM GUS  
DLEASTANASAN ACHD AN FHOGHLAIM (ALBA) 1980 A  
CHOILEANADH**

## **CONALTRADH AIR A' MHOLADH GUS SGOIL GHÀIDHLIG FA-LETH A CHRUTHACHADH DO SGÌRE A' GHEARASDAIN ROGHAINN A**

Cùisean a chumail mar a tha iad. Bhiodh sin a' ciallachadh gun leanadh Sgoil Chaitligeach a' Ghearasdain air sgoilearan oideachadh tro mheadhan na Gàidhlig agus tro mheadhan na Beurla.

### **ROGHAINN B**

Sgoil Ghàidhlig fa-leth a chruthachadh do sgìre a' Ghearasdain le bhith

- (i) a' leasachadh togalach a tha ann a-cheana airson a bhith air a chleachdadh mar sgoil Ghàidhlig; no le bhith
- (ii) a' togail sgoil ùr air làrach ùr.
- (iii) le bhith a' togail sgoil Ghàidhlig ùr fa-leth mar phàirt de dh'aonta làrach-sgoile le bun-sgoil ùr airson a' Ghearasdain mar phàirt de sgrùdadh air seirbheisean foghlaim anns a' bhaile.

### **1.0 BARRACHD FIOSRACHAIDH**

Tha Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a' dearbhadh gu bheil Gàidhlig na cànan oifigeil ann an Alba, le co-ionannachd ri Beurla. Stèidhich an Achd buidheann poblach ùr, Bòrd na Gàidhlig, gus na bha anns an Achd a chur an gnìomh, a' chiad Phlana Nàiseanta airson na Gàidhlig a chruthachadh nam measg sin. Tha Riaghaltas na h-Alba, le bhith a' gabhail ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig (2007 – 2012) air amas a stèidheachadh gus àireamh sgoilearan a' faighinn foghlam tro mheadhan na Gàidhlig aig ìre Prìomh 1 àrdachadh gu 4,000 ron bhliadhna 2021.

B' e am Plana Gàidhlig aig Comhairle na Gàidhealtachd a' chiad phlana Gàidhlig le ùghdarras poblach ann an Alba a chaidh gabhail ris le Bòrd na Gàidhlig. Tha amasan na Comhairle cuideachd a' riochdachadh amasan a' Phlana Nàiseanta.

Thathar a' gabhail ri foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a-nis mar dhòigh anns a bheil mòran òigridh a' faighinn oideachadh ann an Alba. Ann an 2007 bha 2,601 sgoilear a' faighinn foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Tha leudachadh mòr air tighinn air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìre na Gàidhealtachd thairis air a' 15 gu 20 bliadhna mu dheireadh agus tha e air a bhith soirbheachail. Sheall cunntas-sluaigh 2007 gun robh, ann an sgìre na Gàidhealtachd, 718 sgoilear aig ìre bun-sgoile a' faighinn foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

Anns an 20 bliadhna mu dheireadh, tha adhartas mòr air a bhith anns na cothroman cosnaidh co-cheangailte ri Gàidhlig do dhaoine òga aig a bheil Gàidhlig. Nam measg sin tha cothroman ann an Oilthighean, ann am foillseachadh, ann an eadar-theangachadh, ann am foghlam, ann a bhith a' toirt cùram, ann an turasachd, craoladh agus ceòl agus na h-ealain. Tha luach eaconamach na cànan air àrdachadh gu mòr.

## **Foghlam Tro Mheadhan na Gàidhlig**

Taobh a-staigh sgìre na Gàidhealtachd, a bharrachd air Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis agus an Sgoil Ghàidhlig le clas tro mheadhan na Beurla ann an Slèite anns an Eilean Sgitheanach, tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig air a thabhann do sgoilearan ann an sgoiltean far a bheil foghlam tro mheadhan na Beurla air a thabhann cuideachd. Anns a' chlas tro mheadhan na Gàidhlig, 's e Gàidhlig an aon chànan a bhios air a bruidhinn aig gach ìre agus airson gach mìr dhen churraicealam. 'S e 'bogadh' a chanar ris an dòigh teagaisg seo agus 's e dòigh èifeachdach a th' ann air cànanan a theagasg, air iomadh adhbhar:

- na tha na sgoilearan a' faighinn de Ghàidhlig,
- gu bheil iad ga cleachdadh ann an suidheachaidhean 'dòigheil', agus
- an riaghailt 'Gàidhlig fad na h-ùine' a tha a' cruthachadh iarrtas làidir airson an cànan a thogail.

Anns na clasaichean tro mheadhan na Beurla, bidh a' chuid as motha dhen teagasg air a dhèanamh tro mheadhan na Beurla. Mar as trice, bidh Gàidhlig air a teagasg mar dhàrna cànan, mar phàirt den phrògram Gàidhlig do Luchd-ionnsachaidh anns a' bhun-sgoil [GLPS]. Ged a tha eadar-dhealachaidhean ann, tha a' mhòr-chuid dhe na sgoiltean ag amas air sgoilearan a tha a' faighinn foghlam tro mheadhan na Beurla a thoirt gu ìre 5/14 'Bunaiteach' ann an Gàidhlig.

Ann an sgoiltean far a bheil foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, bu chòir gum biodh co-ionannachd ann eadar Gàidhlig agus Beurla a thaobh rudan leithid shoidhnichean, cinn-litrichean, leabhran-iùil na sgoile, aithisgean agus làraichean-lìn. Bu chòir do thachartasan sgoile leithid cruinneachaidhean agus cuirmean a bhith dà-chànanach, a thaobh na thathar a' taisbeanadh agus a thaobh nan cànanan a bhios air an cleachdadh. Bu chòir dhan luchd-obrach uile, nam measg sin feadhainn nach eil nan luchd-teagaisg, Gàidhlig a bhruidhinn ri sgoilearan a tha a' faighinn foghlam tro mheadhan na Gàidhlig far a bheil sin comasach.

Ach an uair a thèid feuchainn air sin a chur an gnìomh, tha duilgheadas aig mòran sgoiltean le foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann a bhith a' dèanamh nan tachartasan sgoile dà chànanach agus ann a bhith a' toirt air an luchd-obrach uile Gàidhlig a bhruidhinn ri sgoilearan a tha a' faighinn foghlam tro mheadhan na Gàidhlig bhon nach eil Gàidhlig aig an luchd-obrach agus aig na sgoilearan air fad.

Tha rannsachadh (Enright & McCloskey, 1989) (Snow, Met & Geneses, 1989) air sealltainn gu bheil cànan air a togail nas èifeachdaiche an uair a tha i air a h-ionnsachadh airson conaltradh ann an suidheachaidhean sòisealta dòigheil agus cudromach.

## **An Sgoil Ghàidhlig**

Ann an sgoil Ghàidhlig fa-leth, 's e Gàidhlig a bhios luchd-obrach agus sgoilearan a' cleachdadh gus bruidhinn ri chèile: tha cultar Gàidhlig aig an sgoil agus bidh an luchd-obrach agus na sgoilearan a' conaltradh ann an Gàidhlig fad an t-siubhail agus anns gach suidheachadh. Gu dearbh, tha am 'bogadh' anns a' chànan a tha na sgoilearan a' faighinn anns an t-seòmar air a leudachadh chun na sgoile gu lèir agus gu latha sgoile an sgoileir air fad. Tha an àrainneachd Ghàidhlig a' cuideachadh nan sgoilearan ann a bhith

a' leasachadh an sgilean Gàidhlig taobh a-muigh a' chlas cho math ri am broinn a' chlas. Tha e a' toirt cothrom do dh'òigridh cluich agus ionnsachadh ann an suidheachadh a tha gu tur stèidhichte air Gàidhlig. Tha rannsachadh eadar-nàiseanta a' sealltainn gur e prògraman bogaidh na dòighean as èifeachdaiche air dàrna cànan a theagasg ann an suidheachadh sgoile (Genesee, 1994)

### **Foghlam Gàidhlig**

Ann am Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus ann an Sgoiltean Gàidhlig, bidh sgoilearan air an teagasg gus Beurla a leughadh agus a sgrìobhadh a bharrachd air Gàidhlig, bho P3 agus thathar an dùil gum bi na h-aon chomasan aca, anns gach sgìl, anns an dà chànan aig deireadh an ùine anns a' bhun-sgoil.

Bidh sgoilearan a tha air an oideachadh tro mheadhan na Gàidhlig dà-chànanach mus cuir iad crìoch air am foghlam bun-sgoile. Cho-dhùin rannsachadh a bha air iarraidh le Oifis na h-Alba, (Johnstone 1999, d.4) nach robh '*sgoilearan ann am Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ... a' call an taca ri sgoilearan a bha air an teagasg tro mheadhan na Beurla. Ann an iomadach suidheachadh, ged nach robh anns a h-uile suidheachadh, bha iad a' dèanamh na b' fheàrr na sgoilearan ann am foghlam tro mheadhan na Beurla agus a bharrachd air sin, bha a' bhuannachd a bhith comasach ann an dà chànan*'.

## **2.0 AN SUIDHEACHADH AN-DRÀSTA**

Anns an deichead mu dheireadh tha ùidh mhòr air a bhith ann, aig ìre nàiseanta agus anns a' Ghàidhealtachd, gus sgoiltean Gàidhlig fa-leth a chruthachadh. Ann an 1999 chaidh sgoil Ghàidhlig fa-leth a chruthachadh ann am Bun-sgoil Ghàidhlig Ghlaschu agus bha sin air leth soirbheachail. Ann an 2007 stèidhich Comhairle na Gàidhealtachd sgoil Ghàidhlig ann an Inbhir Nis agus sgoil Ghàidhlig le clas tro mheadhan na Beurla ann am Bun-sgoil Shlèite anns an Eilean Sgitheanach. Tha a' chomhairle air aontachadh ann am plana na Gàidhlig airson 2007-2011 gus leasachadh sgoiltean Gàidhlig fa-leth adhartachadh le bhith a' gabhail nan cothroman gus sin a dhèanamh nuair a nochdas iad. 'S e dealas a tha sin an taobh a-staigh Prògram Rianachd na Comhairle. Tha an Rianachd cuideachd dhen bheachd gum biodh sgoiltean Gàidhlig fa-leth nan stèidh airson a bhith a' leasachadh Gàidhlig anns a' choimhearsnachd agus ann a bhith ag àrdachadh aithne mun Ghàidhlig anns an fharsaingeachd.

Ann an sgìre na Gàidhealtachd, rè seisean 2007-2008, bho àireamh iomlan de 718 sgoilear a bha ag ionnsachadh Gàidhlig, bha 566 sgoilear bun-sgoile air an oideachadh ann an clasaichean Gàidhlig ann an sgoiltean le foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (2007 cunntas-sluaigh sgoile 2007). Bha 103 sgoilear ag ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig ann am Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis, an sgoil Ghàidhlig fa-leth, agus bha 47 sgoilear ag ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig ann am Bun-sgoil Shlèite.

Tha cha mhòr an dàrna leth dhe na 566 sgoilear a' fuireach ann an coimhearsnachdan ann an roinn Eilean a' Cheò, roinn a' Chaoil agus Malaig agus roinn A' Ghearasdain agus Àird nam Murchan. Tha beartas cànan agus cultar na Gàidhlig anns na sgìrean seo. Ann an Loch Abar, tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig air a lìbhrigeadh ann an trì bun-sgoiltean ann an Àth Tharracail (21 sgoilear bun-sgoile agus 6 san sgoil-àraich), anns A' Ghearasdan (70 sgoilear bun-sgoile agus 16 san sgoil-àraich) agus nn am Malaig (34 sgoilear bun-sgoile agus 10 san sgoil-àraich). (Àireamh mar a bha iad aig 3mh dhen

Iuchair 2008)

Tha iomadh bliadhna tha ùidh air nochdadh bhon choimhearsnachd ann a bhith a' stèidheachadh sgoil Ghàidhlig fa-leth airson sgìre A' Ghearasdain. Sgaoil Comann nam Pàrant a' Ghearasdain ceisteachan chun a' h-uile pàrant le clann a tha a' faighinn foghlam tro mheadhan na Gàidhlig gus dearbhadh dè an t-iarrtas a th' ann airson goil Ghàidhlig fa-leth ann an Loch Abar. Gu ruige seo tha iad air 65 tagradh taiceil fhaighinn bho phàrantan anns a' Ghearasdan agus sgìrean timcheall.

### Bun-sgoil Chaitligeach A' Ghearasdain

Tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, gun seòrsachadh air a dhèanamh a thaobh creideamh, air a libhrigeadh ann am Bun-sgoil Chaitligeach a' Ghearasdain airson sgìre a' Ghearasdain.

Tha Bun-sgoil Chaitligeach a' Ghearasdain a' frithealadh baile a' Ghearasdain agus sgìrean timcheall airson foghlam Caitligeach tro mheadhan na Beurla. Tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig anns an sgoil air a libhrigeadh airson a' Ghearasdain agus bailtean eile cho fada ri mu 10 mìle air falbh. Tha foghlam ro-sgoile tro mheadhan na Beurla agus tro mheadhan na Gàidhlig air a thabhann anns an sgoil cuideachd do chloinn a tha trì agus ceithir bliadhna a dh'aois.

Bhon Lunastal 2008 bidh 8 clasaichean anns an sgoil le 4 clasaichean a' teagasg tro mheadhan na Beurla agus 4 clasaichean a' teagasg tro mheadhan na Gàidhlig.

Tha Clàr 1 a' sealltainn àireamh nan sgoilearan bho 2003-2004 gu 2008-2009:

CLÀR 1: Àireamh sgoilearan ann am Bunsgoil Chaitligeach A' Ghearasdain bho 2003-2004 gu 2008-2009

Bliadhna		P1	P2	P3	P4	P5	P6	P7	Iomlan	IOMLAN CÒMHLA	%
2003-2004	FTMG	12	15	7	9	12	13	1	69	160	43%
2003-2004	FTMB	13	10	8	9	20	18	13	91		57%
2004-2005	FTMG	9	12	14	7	9	13	12	76	171	44%
2004-2005	FTMB	13	9	11	11	10	21	20	95		56%
2005-2006	FTMG	10	8	11	13	7	9	13	71	155	46%
2005-2006	FTMB	9	14	9	10	10	10	22	84		54%
2006-2007	FTMG	9	10	8	11	13	7	9	67	145	46%
2006-2007	FTMB	9	11	15	8	14	9	12	78		54%
2007-2008	FTMG	14	8	10	8	11	13	6	70	144	49%
2007-2008	FTMB	5	9	11	16	8	15	10	74		51%
2008-2009	FTMG	9	14	8	9	8	11	13	72	148	49%
2008-2009	FTMB	8	5	9	12	18	9	15	76		51%

Tha e follaiseach bho Chlàr 1 gu bheil an àireamh às a' cheud de sgoilearan a tha a'

faighinn foghlam tro mheadhan na Gàidhlig air a bhith ag èirigh beag air bheag bho 2003-2004 gu 2007-2008 agus thathar an dùil gum bi 49% de sgoilearan na bun-sgoile a' faighinn foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an seisean 2008-2009 (72 sgoilear). Ged a tha an àireamh às a' cheud de sgoilearan air àrdachadh, tha an àireamh de sgoilearan air fuireach aig cha mhòr an aon ìre le mu 70 sgoilear.

#### Clàr 1a

Àireamh Ro-sgoile agus Ro-mheasadh airson Bun-sgoil Chaitligeach A' Ghearasdain 2003-2011

Bliadhna		3bl	4bl	IOMLAN	IOMLAN CÒMHLA	%
2003-2004	FTMG	12	6	18	37	49%
2003-2004	FTMB	19	0	19		51%
2004-2005	FTMG	14	7	21	35	60%
2004-2005	FTMB	14	0	14		40%
2005-2006	FTMG	10	14	24	40	60%
2005-2006	FTMB	10	6	16		40%
2006-2007	FTMG	12	7	19	43	44%
2006-2007	FTMB	8	16	24		56%
2007-2008	FTMG	8	8	16	42	38%
2007-2008	FTMB	13	13	26		62%
2008-2009	FTMG	4	7	11	30	37%
2008-2009	FTMB	7	12	19		63%
2009-2010	FTMG	8	4	12	27	44%
2009-2010	FTMB	8	7	15		56%
2010-2011	FTMG	8	8	16	32	50%
2010-2011	FTMB	8	8	16		50%

Tha Clàr 1a a' sealltainn àireamh nan ro-sgoilearan airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus foghlam tro mheadhan na Beurla bho 2003-2004 gu na h-àireamhan a thathar an dùil a bhios ann ann an 2010-2011. Ged a tha lùghdachadh air a bhith anns an àireamh às a' cheud de chloinn a tha air a bhith a' dol gu cròileagan Gàidhlig an taca ris na tha a' dol gu cròileagan tro mheadhan na Beurla gu 2008-2009, thathar an dùil gum bi àrdachadh anns an àireamh às a' cheud de sgoilearan ro-sgoile a bhios a' dol gu cròileagan Gàidhlig. Thathar an dùil gum bi 16 sgoilear a' faighinn foghlam ro-sgoile ann an 2010-2011 tro mheadhan na Gàidhlig, an dàrna leth dhen chloinn gu lèir.

## Clàr 2

Sgìre foghlam tro mheadhan na Gàidhlig 2007-2008 (Àireamhan mar a bha air 3mh dhen Iuchair 2008)

	Gaelic medium
An Claigeann & Inbhir Lòchaidh	9
Achadh an Tobhair Àrd	12
Plantation	5
An Caol, Lochyside	13
Banbhaidh, A' Chorpach	6
An Àird	4
An Gearasdan	11
Tòrr Lunndaidh	0
Drochaid an Aonachain & An Drochaid Ruadh	3
Gleann Nibheis	3
Achadh a' Phùbail & Gleann Fhionghain	4

Tha Clàr 2 a' sealltainn nan àiteachan ann an sgìre a' Ghearasdain agus timcheall bho bheil na sgoilearan a tha ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a' tighinn an-dràsta. Ann an seisean 2007-2008, bha 44 dhen 70 sgoilear a bha anns an sgoil bhon Ghearasdan le 19 a' fuireach anns A' Chaol, Lochyside, Banbhaidh agus sgìre na Corpaich. Aig an àm seo, tha 7 sgoilearan bho Dhrochaid an Aonachain, An Drochaid Ruadh, Achadh a' Phùbail agus Gleann Fhionghain anns an sgoil.

### **3.0 RUDAN A BHEIR BU Aidh AIR AN T-SEIRBHEIS ANNS AN ÀM RI TEACHD**

Tha ro-mheasadh air a dhèanamh air àireamh sgoilearan ann am Bun-sgoil Chaitligeach a' Ghearasdain anns na còig bliadhna a tha ri teachd a rèir àireamhan breith anns an sgìre agus cuideachd a rèir buaidh a bheireadh leudachadh air na tha de thaighean anns a' bhaile. Tha a bhith a' dèanamh ro-mheasadh airson àireamhan nan sgoilearan a bhios a' dol gu foghlam tro mheadhan na Gàidhlig doirbh. Faodaidh pàrantan a tha a' fuireach ann an sgìre sgoile eile ann an sgìre a' Ghearasdain taghadh an cuid chloinne a chur gu foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

Tha an ro-mheasadh a leanas air a stèidheachadh air an fhiosrachadh a tha ann an Tuairmse Àireamhan Sgoile a tha ri fhaighinn air làrach Chomhairle na Gàidhealtachd agus bhon fhiosrachadh air àireamhan sgoile Lùnastal 2008-2009 a chaidh a thoirt seachad leis an sgoil. Tha an ro-mheasadh a tha air a thaisbeanadh gu h-ìseal air a thomhas a rèir nan àireamhan de sgoilearan a tha air a dhol gu foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann am Bun-sgoil Chaitligeach a' Ghearasdain agus a rèir nan àireamhan a tha ann an sgoiltean sgìre A' Ghearasdain. Chaidh an tomhas seo a chur an uairsin a rèir an àireamh de chloinn a bha air am breith ann an sgìre a' Ghearasdain airson nam bliadhnachan 2006 agus 2007

### Clàr 3

Ro-mheasadh Àireamhan Ro-sgoile agus Bun-sgoile airson Bun-Sgoil Chaitligeach A' Ghearsdain 2009 – 2013

Bliadhna		3 bli.	4 bli.	Ro-sgoile lomlan	P1	P2	P3	P4	P5	P6	P7	Iomlan	Iomlan Còmhla
2009-2010	<b>FTMG</b>	8	4	12	4	9	14	8	9	8	11	63	<b>75</b>
2009-2010	<b>FTMB</b>	8	7	15	12	8	5	9	11	16	9	70	<b>85</b>
2010-2011	<b>FTMG</b>	8	8	16	4	4	9	14	8	9	8	56	<b>72</b>
2010-2011	<b>FTMB</b>	8	8	16	7	12	8	5	9	11	16	68	<b>84</b>
2011-2012	<b>FTMG</b>	8	8	16	8	4	4	9	14	8	9	56	<b>72</b>
2011-2012	<b>FTMB</b>	8	8	16	8	7	12	8	5	9	11	60	<b>76</b>
2012-2013	<b>FTMG</b>	8	8	16	8	8	4	4	9	14	8	55	<b>71</b>
2012-2013	<b>FTMB</b>	8	8	16	8	8	7	12	8	5	9	57	<b>73</b>

Thathar an dùil gun tuit an àireamh sgoilearan airson na sgoile gu lèir, cròileagan agus bun-sgoil, bho 186 ann an seisean 2007-2008 gu 144 sgoilear ann an 2013. Tha seo a rèir an ìsleachaidh ann an ìrean breith anns an sgìre. Ach, bu chòir beachd a ghabhail gu bheilear an dùil gum fuirich an àireamh às a' cheud de sgoilearan na sgoile ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig aig mu 49% dhe na sgoilearan air fad.

Thathar an dùil gum bi mu 16 sgoilear ro-sgoile aig aois 3 agus 4 bliadhna anns an sgoil bho 2011 gu 2012/2013.

## 4.0 RUDAN A DH'FHAODAR DÉANAMH

A' dol a rèir prògram rianachd na Comhairle gus leasachadh sgoiltean Gàidhlig fa-leth adhartachadh agus a rèir an iartais bho Chomann nam Pàrant a' Ghearsdain le ceisteachain chun nam pàrantan airson a leithid sin, tha an t-ùghdarras air na roghainnean a leanas a chomharrachadh:

### Roghainn A

Cùisean a chumail mar a tha iad – foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a chumail mar tha e air a libhrigeadh ann am Bun-sgoil Chaitligeach a' Ghearsdain.

### Roghainn B

Sgoil Ghàidhlig fa-leth a chruthachadh do sgìre a' Ghearsdain le bhith

- (i) a' leasachadh togalach a tha ann a-cheana airson a bhith air a chleachdadh mar sgoil Ghàidhlig; no le bhith
- (ii) a' togail sgoil ùr air làrach ùr
- (iii) le bhith a' togail sgoil Ghàidhlig ùr fa-leth mar phàirt de dh'aonta làrach-sgoile le bun-sgoil ùr airson a' Ghearsdain mar phàirt de sgrùdadh air seirbheisean foghlaim anns a' bhaile.

## 5.0

### BUAIDH A BHITH A' CUR NAN ROGHAINNEAN AN GNÌOMH

**Roghainn A** Cùisean a chumail mar a tha iad.

Leanaidh Bun-sgoil Chaitligeach a' Ghearasdain air sgoilearan a theagasg tro mheadhan na Beurla agus tro mheadhan na Gàidhlig.

**Roghainn B** Sgoil Ghàidhlig fa-leth a chruthachadh airson sgìre a' Ghearasdain le bhith

- (i) a' leasachadh togalach a tha ann a-cheana airson a bhith air a chleachdadh mar sgoil Ghàidhlig; no le bhith
- (ii) a' togail sgoil ùr air làrach ùr
- (iii) le bhith a' sgoil Ghàidhlig ùr fa-leth mar phàirt de dh'aonta làrach-sgoile le bun-sgoil ùr airson a' Ghearasdain mar phàirt de sgrùdadh air seirbheisean foghlaim anns a' bhaile.

Bidh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìre a' Ghearasdain air a stèidheachadh ann am bun-sgoil Ghàidhlig fa-leth a bhios cuideachd na stèidh airson coimhearsnachd Gàidhlig a' Ghearasdain agus ann a bhith a' togail inbhe na Gàidhlig anns a' choimhearsnachd anns an fharsaingeachd. Tha buaidh aig cò an tè de na Roghainnean ann am B a bhios air a taghadh. Bidh cosgaisean calpa mòr mu chois gach roghainn agus cha deach an tuairmse cosgais a dhèanamh orra fhathast agus dh'fheumadh a bhith air an cur ann am Prògram Foghlam, Cultar & Spòrs.

(i) A' leasachadh togalach a tha ann a-cheana

'S dòcha gum biodh e comasach pàirt de dh'Òstail Chamaghael anns a' Ghearasdan, a leasachadh na sgoil Ghàidhlig fa-leth a bhiodh mòr gu leòr airson 72 - 96 sgoilear le cròileagan agus le àite airson leudachadh anns an àm ri teachd, agus 's dòcha a' cleachdadh nan goireasan spòrs còmhla ri Àrd-sgoil Loch Abair. Dh'fheumadh sgrùdadh comasachd a bhith air a dhèanamh air an roghainn seo gus dearbhadh am biodh Òstal Chamaghael freagarrach airson a bhith air atharrachadh gu bhith na bhun-sgoil agus gus na cosgaisean an cois sin agus gus an cur ann am Prògram Calpa Foghlam, Cultar & Spòrs. Bu chòir beachd a chumail air gum bi Òstal Chamaghael air a chleachdadh le Àrd-sgoil Loch Abar gu deireadh 2012 fhad 's a thathar a' leasachadh na h-àrd-sgoile, ach bidh na feumalachdan nas cinntiche ann an 2009 aon uair 's gum bi Ìre II dhen phrògram air a leasachadh.

(ii) a' togail sgoil ùr air làrach ùr

Tha còmhraidhean air a bhith air an cumail le Manaidsear Ro-innleachd Oighreachd air dè cho comasach agus a bhiodh e sgoil Ghàidhlig a thogail air aon de thrì làraich anns A' Ghearasdan, a dhà dhiubh sin le Comhairle na Gàidhealtachd agus an làrach eile le sealbh prìobhaideach. Bidh feum air barrachd obair gus dearbhadh a bheil na làraich sin freagarrach agus gus cosgaisean an leasachaidh a dhearbhadh agus cuideachd

dh'fheumadh sgrùdadh comasachd a bhith air a dhèanamh orra gus dearbhadh dè cho feagarrach 's a bhiodh iad airson sgoil ùr agus gus na cosgaisean an cois sin a dhearbhadh.

( iii) Sgoil Ghàidhlig ùr fa-leth a thogail mar phàirt de dh'aonta làrach-sgoile le bun-sgoil ùr airson a' Ghearasdain mar phàirt de sgrùdadh air seirbheisean foghlaim anns a' bhaile.

Tha an aon làrach freagarrach a chaidh a thoirt am follais fo shealbh prìobhaideach agus thathar a' beachdachadh air an làrach anns an sgrùdadh air libhrigeadh foghlaim ann an sgìre a' Ghearasdain airson sgoil Ghàidhlig fa-leth agus bun-sgoil tro mheadhan na Beurla do thaobh an iar a' Ghearasdain. Dh'fhaodadh gun cleachdadh an dà sgoil na h-aon ghoireasan leithid àite bidhe, àite cruinneachaidh/talla spòrs, rianachd far a bheil sin iomchaidh. Leis an fhiosrachadh air a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig ann an suidheachaidhean sòisealta agus a rèir na bhios ann de dh'àite, thèid beachdachadh air dà raon-cluiche a leasachadh.

Tha iomadh buaidh le toraidhean gu math coltach ri chèile aig gach roghainn a tha gu h-àrd:

### **Buaidh air còmh-dhail**

Ann an seisean 2007-08, dhen 70 sgoilear a bha a' faighinn foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, bha 28 a' faighinn còmh-dhail an asgaidh dhan sgoil. Chan eil dùil gun atharraich sin. Chan eilear an dùil gum bi cosgaisean còmh-dhail mòra an cois a' mholaidh seo

Bhon bhliadhna 2000 tha an t-ùghdarras air poileasaidh a chur an gnìomh far a bheil còmh-dhail an asgaidh air a thabhann an taobh a-staigh 10 mìle bho bhun-sgoil le foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Ach, bidh feartan ionadail a' toirt buaidh air ruigsinneachd do dh'fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus thèid beachdachadh air gach suidheachadh fa-leth.

### **Buaidh a thaobh luchd-obrach**

Dh'fheumadh Ceannard Sgoile agus dreuchdan àrdaichte eile a bhith air an taghadh airson obair anns an sgoil. Dh'fheumadh na tuarastail airson nan dreuchdan seo a bhith air an cur aig ìre a rèir na h-obrach

Luchd-teagaisg. Bhiodh an luchd-obrach a tha an-dràsta ag obair taobh a-staigh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig anns a' Ghearasdain air an gluasad chun na sgoile ùire, an dèidh beachd a ghabhail air an àireamh sgoilearan anns an sgoil aig an àm sin.

Luchd-obrach eile. Bhiodh luchd-obrach eile a tha ag obair ann a bhith a' coileanadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig air an gluasad chun na sgoile ùire.

### **A' choimhearsnachd a' cleachdadh an togalaich**

Cha bhiodh atharrachadh sam bith anns an dòigh anns am biodh a' choimhearsnachd a'

cleachdadh Bun-sgoil Chaitligeach a' Ghearasdain (taobh a-staigh Poileasaidh Cleachdadh Coimhearsnachd na Comhairle.) Bhiodh barrachd thogalaichean coimhearsnachd air an cruthachadh le bhith a' stèidheachadh sgoil Ghàidhlig a bhiodh na stèidh airson leasachadh na Gàidhlig anns a' choimhearsnachd.

### **Sgìrean Dealbhte**

Cha bhiodh atharrachadh sam bith anns na sgìrean dealbhte airson sgoilearan a tha a' dol gu foghlam tro mheadhan na Beurla ann am Bun-sgoil Chaitligeach a' Ghearasdain. Chumadh sgoilearan a bhiodh a' faighinn foghlam tro mheadhan na Gàidhlig air tighinn à sgìre a' Ghearasdain agus iadsan a tha a' fuireach taobh a-staigh mu 10 mìle bhon bhaile.

## **6.0 CO-DHÙNADH**

Tha am pàipear conaltraidh seo air fhoillseachadh a rèir modhan aonaichte an Ùghdarrais gus na laghan iomchaidh a choileanadh. An dèidh a' chonaltraidh, bidh na h-aithisgean agus na beachdan a thèid fhaighinn air an toirt do Chomataidh Foghlam, Cultar agus Spòrs Chomhairle na Gàidhealtachd.

**Bu chòir do bheachdan sam bith mun phàipear seo a bhith air an cur ann an sgrìobhadh gu:**

**Iain Ritchie, Stiùiriche Sgìreil Foghlam, Cultar is Spòrs, Ros, An t-Eilean Sgitheanach agus Loch Abar, Comhairle na Gàidhealtachd, Oifis Sgìre Foghlaim, Òstail Chamaghael, Camaghael, An Gearasdan, ron 10mh dhen Damhair.**

**TEISTEANASAN:**

Enright, D.D., & McCloskey, M.L.(1989). *Integrating English: Developing English language and literacy in the multilingual classroom*. Reading, MA: Addison Wesley.

Genesee, F, (1994). Integrating language and Content: Lessons from Immersion. Education Practice Report: 11. National Centre for Research on Cultural Diversity and Second Language Learning

Johnstone, R., et al (1999, p.4). The Attainments of Pupils Receiving Gaelic medium Primary Education in Scotland. Scottish CILT on behalf of the Scottish Executive Education Department.

Snow, M.A., Met, M., & Geneses, F. (1989). A conceptual framework for the integration of language and content in second/foreign language instruction. *TESOL Quarterly*, 23, 201-207

Swain, M and Lapkin, S. (1982). *Evaluating bilingual education: a Canadian case-study* Clevedon: Multilingual Matters.

Highland Council School Roll Forecasts (2007) updated July 2008